

Kevin Bakhurst
Content & Media Policy Group
Email: BBCScotland.Assessment@ofcom.org.uk

Chris Rowsell
BBC
Broadcasting House
Portland Place
Lunnainn
W1A 1AA

11 Faoilleach 2018

A Chris Uasail,

Deireadh tùs-mheasaidh mun seanail telebhisein BBC Scotland a tha air a mholadh

Air 30 Samhain 2017, dh'fhoillsich am BBC a mholadh seanail ùr telebhisein a chur air chois do luchd-amhairc ann an Alba. Aig an aon àm, thòisich sinne air lèirmheas a dhèanamh gus a thighinn chun a' cho-dhùnaidh am bu chòir leigeil le plana a' BhBC a dhol air adhart.

Tha an litir seo airson fios a thoirt dhuibh gu bheil sinn air ar tùs-mheasaidh a choileanadh, agus tha sinn air a thighinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil an t-seirbheis a tha air a moladh mar atharrachadh bunaiteach air am feumar tuilleadh measaidh a dhèanamh.

Mar a tha fios agaibh, tha Ofcom airson is gum bi luchd-amhairc ann an Alba air an deagh fhrìthealadh leis a' BhBC. Is e ar dleastanas san ath iùre a bhith a' beachdachadh a bheil an luach phoblach a tha air a thairgse le seanail ùr telebhisein a' fireanachadh droch bhuaidh sam bith a dh'faodadh a bhith na chois a thaobh farpais chothromach is èifeachdach.

Tha sinn a' mìneachadh gu h-ìosal ar co-dhùnadh Measadh Farpais ('BCA') a dhèanamh air na molaidhean a dh'fheumas a bhith air an coileanadh ro 11 Iuchar 2018.

Cùl-fhiosrachadh

Is e misean a' BhBC a bhith frìthealadh an uidh phoblach, a bhith a' seirbheiseachadh an luchd-amhairc air fad tro bhith a' solar mach-chur neo-phàirteach, de dh'àrd-chàileachd is sònraichte a tha a' toirt fiosrachadh, foghlam is dibhearsain seachad. Gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' leantainn air adhart a' libhrigeadh phrògraman a tha a' coileanadh a mhisein, is dòcha gum feum am BBC coimhead ri atharrachaidhean a dhèanamh air na gnìomhan anns a bheil e an sàs aig an àm a tha an làthair no coimhead ri seirbheisean ùra a leasachadh gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-amhairc.

Faodar cuid de dh'atharrachaidhean a mheas mar nì beag; mar eisimpleir, co-dhùnайдhean luchd-deasachaidh bho là gu là mu phrògraman fa leth, no an sgeidealachadh. Ach, mar bhuidheann mòr a tha air a mhaoineachadh gu poblach, dh'faodadh buaidh chudromach a bhith aig atharrachaidhean

eile a bhiodh am BBC airson a dhèanamh air farpais ann am margaidh nam meadhanan san fharsaingeachd.

Fo chumhan an Aonta Frèam-obrach¹, chan fhaod am BBC ach ‘atharrachadh susbainteach’² a dhèanamh ri Seirbheisean Poblach na RA sa bheil e an sàs ach an uair a thig am BBC chun a’ cho-dhùnaidh gu bheil a leithid de mholadh a’ riarachadh Deuchainn Ùidh Phoblach (‘PIT’). Chan eil am PIT air a riarachadh ach an uair a thig Bòrd a’ BhBC chun a’ cho-dhùnaidh:

- a) gu bheil an t-atharrachadh a thathar a’ moladh a’ cur ri coileanadh misean a’ BhBC agus àrdachadh co-dhiù aon de na h-adhbharan poblach;
- b) gu bheil ceumannan reusanta air a bhith air an gabhail gus dèanamh cinnteach nach bi droch bhuaidh neo-riatanach aig a’ mholadh air farpais chothromach is èifeachdach; agus,
- c) gu bheil luach phoblach an atharrachaидh a tha air a mholadh a’ fireanachadh droch bhuaidh sam bith air farpais chothromach is èifeachdach.

Sa chùis seo, bhreithnich am BBC gum biodh a mholadh seanail telebhisean BBC Scotland a chur air bhog mar atharrachadh susbainteach air na seirbheisean aige, agus chaidh PIT a choileanadh thar an t-samhraidh 2017. Dh’fhoillsich am BBC toraidhean PIT, le fianais taiceil, air 30 Samhain 2017, ag innse gum robh Bòrd a’ BhBC dhan bheachd gun robh am PIT air a bhith air a riarachadh.³

Dreuchd Ofcom

Ma thàinig Bòrd a’ BhBC chun a’ cho-dhùnaidh gun robh am PIT air a riarachadh, feumaidh Ofcom a mheasadh fhèin a dhèanamh air a’ mholadh mus tèid atharrachadh a chur an cèill.

Tha an Aonta Frèam-obrach a’ roinn obair Ofcom na dhà phàirt. Sa chìad phàirt a dh’fheumas a bhith air a choileanadh taobh a-staigh sia seachdainean, feumaidh Ofcom:

- a) dearbhadh a bheil moladh a’ BhBC susbainteach; agus ma tha
- b) a thighinn chun a’ cho-dhùnaidh dè an ríochd a bu chòir a bhith air a’ mheasadh mhionaideach againn san dàrna pàirt.

Gus ar cuideachadh seo a choileanadh, air 30 Samhain 2017 dh’fhoillsich sinn Cuireadh airson Beachdan ag iarraidh air luchd-Ùidh tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dhuinn a’ mìneachadh a’ bhuaidh a bhiodh aig an t-seanail ùr BBC ann an Alba orra.⁴ Thuit sinn gum beachdaicheadh sinn, rè an tùs ama seo an robh fiosrachadh gu leòr ann am PIT a’ BhBC gus a dhèanamh comasach dhuinn measadh nas mionaidich a dhèanamh san dàrna pàirt; agus, nam biodh e comasach, gun

¹ Cumha 7(6) den Aonta Eadar Rùnaire Stàite na Banrigh airson Cultar, Meadhanan is Spòrs agus am BBC, Dùblachd 2016.

² Tha atharrachadh susbainteach air a mhìneachadh san Aonta mar fhear far a bheil am BBC a’ moladh “seirbheis ùr phoblach san RA” a chur air chois no atharrachadh a dhèanamh “aig am biodh droch bhuaidh chudromach air farpais chothromach is èifeachdach” cumha 7(7)).

³ [Co-dhùnad Bòrd a’ BhBC air Deuchainn Ùidh Phoblach Seanail TBh BBC Scotland](#)

⁴ [Lèirmheas Ofcom air an t-seanail telebhisean BBC Scotland a tha air a mholadh – cuireadh airson beachdan](#)

coimheadadh sinn ri bhith a' dèanamh leirmheas air na modhan-obrach a chleachd am BBC rè a cho-chomhairleachaidh air an deuchainn ùidh phoblaich.

Moladh a' BhBC

Tha moladh a' BhBC air a chur an cèill na Dheuchainn Ùidh Phoblach a tha ag ràdh:

- gun tòisicheadh an t-seanail ùr a' craoladh aig 12m gach là. Bhiodh stuth ùr sna prògraman a bhiodh air an sealltainn eadar 12m agus 7f is bhiodh e a' gabhail a-steach stuth poilitigeach agus "tachartasan ad hoc (sa mhòr chuid spòrs)" eile agus bhiodh e air a chuingealachadh gu 150 uair gach bliadhna.⁵ Aig amannan eile suas gu 7f bhiodh an seanail a' sealltainn "seirbheis seasmhach/simulcast de phrògramadh BBC Two";
- chumadh an seanail air adhart a' craoladh bho 7f gu meadhan oidhche gach feasgar, le susbaint sna h-uairean sin a' cleachdad 50% de stuth ùr agus air fhaighinn a-steach agus 50% ath-chraolte;⁶
- tha dìreach còrr air 19% de shusbaint ùr air a shealltainn aig prìomh uairean is bhiodh sin a' gabhail a-steach naidheachdan is cùisean làitheil, le uair a thìde de naidheachdan air a chraoladh aig 9f gach latha seachdaineach "còmhla ri measgachadh de phrògraman aithriseach is prògramadh speisealta firinneach, dòigh-beatha, ceòl, farpais-cheist agus prògraman dibhairsain firinneach". Dh'fhaodadh am prògramadh seo gabhail a-steach stuth a tha an-dràsta air a shealltainn air BBC Two Scotland, agus an dùrna cuid simulcastan no ath-chraoladh de shusbaint a tha air a shealltainn air BBC One Scotland. Dh'fhaodadh cuideachd ath-chraolaidhean de phrògraman bho sheanailean BBC eile a bhith air an sealltainn (me BBC Four) no prògraman eile bhon tasglann; agus
- bhiodh buidseat an t-seanail airson nam prògraman mu £32 millean gach bliadhna shlàn, ged a dh'fhaodadh buaidh a bhith aig co-choimiseanadh le seirbheisean eile a' BhBC air seo, gu sònraichte a thaobh gnèithean comadaidh is dràma.

A thuilleadh air seo, thuirt am BBC gum biodh cuid de dh'atharrachaidhean ag èiridh mar thoradh air a' mholadh seo:

- thigeadh prògramadh air leth airson Alba air BBC Two gu ceann, le luchd-amhairc ann an Alba a' faicinn nan aon phrògraman ri luchd-amhairc ann an Sasainn;
- ghluaiseadh an t-stuth mìneachadh bun-tomhasach aig BBC Four gu slota nach biodh cho follaiseach air an EPG ann an Alba" gus àite a dhèanamh airson an t-seanail ùir;

⁵ Chlàr am PIT gu bheil BBC Two Scotland an-dràsta a' craoladh mu 66 uair de shusbaint phoilitigeach, 30 uair de spòrs agus 44 uair de thachartasan beò tron là gach bliadhna.

⁶ Tha "measgachadh susbaint taisbeanach" mionaideach airson an t-seanail air a chur sìos air td 20-21 de sgrìobhainn PIT a' BhBC.

- cothroman tar-choimiseanaidh “a dh’fhaodadh leantainn air adhart gu solair de suas ri 100 uair a thìde de shusbaint nach eil mar naidheachdan gach bliadhna air BBC Alba”; agus
- gum biodh “sgioba ioma-ùrlair cruinneachadh-naidheachd neartaichte” ann le “mu 80 dreuchd co-cheangailte ri naidheachdas de chaochladh eòlas bho luchd-inntrigidh ùra gu luchd-naidheachd stèidhichte”. A thuilleadh air nithean eile, bhiodh an sgioba seo an urra ri bhith ”ag ullachadh tuilleadh mach-chur air naidheachdan no ath-sheòrsachadh susbaint airson rèidio, cleachdadadh air an làrach-lìn (le fòcas sònraichte air pìosan nas sgrùdail is nas fhaide) agus nam meadhanan sòisealta, a’ toirt cothrom air raon nas beartiche agus nas doimhne de naidheachdas, thar-ùrlair.”

Ged nach do ghabh am BBC na h-atharrachaidhean sin a-steach taobh a-staigh susbaint a PhiT, bha e ag aithneachadh gum faodadh droch bhuaidh a bhith an lùib a’ mholaidh bhunaiteach a thaobh farpais chothromach is èifeachdach.

Tha sinn dhan bheachd gu bheil na gnìomhan a tha air an cur an cèill gu h-àrd, air an gabhail còmhla, a’ gabhail a-steach molaidhean a’ BhBC Seirbheis Phoblach Ùr a choileanadh. Tha am measadh againn air corporrachd agus air tuilleadh measaidh, mar sin, a’ gabhail a-steach nam molaidhean sin air fad.

Na nithean a thuirt luchd-ùidh rinn

A thaobh ar Cuireadh airson Beachdan, fhuair sinn freagairtean bho 17 luchd-ùidh.

Chuir mòran dhan fheadhainn a fhreagair fàilte air moladh a’ BhBC, ag aithneachadh an luach a dh’fhaodadh a bhith ann do luchd-amhairc ann an Alba, agus a’ bhuanachd a chùm fàs ann an earrann nam meadhanan an Alba. Ach, thog cuid de na fhreagair grunnan uallachaidhean. Chuir cuid ceist an robh maoineachadh gu leòr an cois an t-seanail gus seirbheis de dh’àrd-chàileachd a libhrigeadh, a bhiodh a’ cur ri luach chudromach phoblach. Bha cuid eile dhan bheachd gum biodh buaidh chudromach aig cuid de thaobhan moladh a’ BhBC thar earrann nam meadhanan, gu sònraichte le bhith a’ dubhadh a-mach farpais. Mu dheireadh, thog mòran dhan fheadhainn a chur am beachdan a-steach dùbhlan mu na bha iad a’ meas a bhith mar dìth fiosrachadh mionaideach ann am moladh a’ BhBC, agus dìth sgrùdadh mionaideach eaconamach a bha am BBC air a chleachdadh gus measadh a dhèanamh air a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith air a’ mhargaidh.

Dh’aontaich an fheadhainn a fhreagair air fad gun robh am moladh a’ roichdachadh atharrachadh susbainteach do Sheirbheisean Poblach BBC an RA. Bha a’ mhòr chuid den fheadhainn a fhreagair am beachd gum biodh e iomchaidh do Ofcom measadh a dhèanamh air molaidhean a’ BhBC tro BCA. Ach, bha cuid a’ meas gum biodh Measadh nas Giorra na b’ fhèarr oir bha iad dhan bheachd gun cuireadh BCA dàil ann a bhith a’ cur an t-seirbheis a bha am BBC a’ moladh air chois.

Corporrachd a’ mholaidh

Feumaidh Ofcom gabhail os làimh measadh air an fharpais ma tha sinn am beachd gu bheil moladh a’ BhBC na atharrachadh susbainteach air Seirbheisean Poblach na RA.

Tha Aonta an Fhrèam-obrach ga dhèanamh soilleir gu bheil a bhith a' coileanadh gnìomh sam bith mar Sheirbheis Phoblach Ùr na RA na atharrachadh bunaiteach.

An dèidh ar lèirmheas air moladh a' BhBC, an co-bhoinn ris na freagairtean a fhuair sinn bho luchd-ùidh, tha sinn riaraichte gu bheil moladh a' BhBC mar Sheirbheis Phoblach Ùr na RA. Mar sin tha sinn air co-dhùnadh gu bheil seo mar atharrachadh susbainteach air seirbheisean Poblach na RA.

Cothrom air tuilleadh measaidh

Fo Aonta an Fhrèam-obrach, feumaidh am measadh ire-dhà againn a bhith ann an riochd Measadh Farpais (BCA) no Measadh na Giorra (SA). San sgriobhainn stiùiridh againn *Assessing the impact of proposed changes to the BBC's public service activities*, tha sinn a' mìneachadh⁷:

- a) gu bheil BCA nas coltaich a bhith iomchaidh "where a proposal raises large, complex and/or particularly contentious issues, potentially involving a number of interested parties and ways in which there may be an adverse impact on fair and effective competition"; ach,
- b) tha Measadh nas Giorra nas dualtaich tachairt ma tha "there is a narrower range of issues to consider," mar eisimpleir far a bheil sinn am beachd gu bheil deuchainn ùidh phoblach a' BhBC "adequately addresses all (or most) issues".

San stiùireadh againn chuir sinn an cèill bun-chùisean a bha sinn a' sùileachadh a ghabhail a-steach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mu dè am measadh a b' iomchaidh, a' gabhail a-steach:⁸

- mionaideachd, càileachd agus cothromachd PIT a' BhBC;
- buailteachd buil a thuilleadh air fuasgladh cuimseach;
- a bheil eileamaid den mholadh a tha na adhbhar iomagain air leth, agus cuid eile de na h-eileamaidean nach eil a' cur mòran dragh; agus
- co-rèireachas nan stòrasan a dh'fheumar.

Tha sinn ag aithneachadh gum faodadh grunnan bhuilean dheimhinneach a thigheann do luchd-amhairc ann an Alba mar thoradh air moladh a' BhBC. Dh'fhaodadh gun cuireadh an seanail ùr ris an luach phoblach le bhith a' brosnachadh farpais, a' tabhann tuilleadh roghainn, a' misneachadh iarrtais no ag adhartachadh ùr-ghnàthachadh. Ach tha an comas aig moladh a' BhBC cuideachd farpais chothromach is èifeachdach a mhilleadh.

⁷ [A' measadh buaidh nan atharrachaidhean a tha air am moladh airson gnìomhan seirbheis poblach a' BhBC, Dùblachd 2016](#)

⁸ An dèidh lèirmheas a dhèanamh air moladh a' BhBC, le beachdan bho threas phàrtaidhean mar fhreagairt air ar Cuireadh airson Beachdan, thàinig sinn chun a' cho-dhùnaidh nach eil bun-chùisean eile iomchaidh.

Chomharrach an tùs-mheasadh againn de mholadh a' BhBC cuid de bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith air a' mhargaidh a tha sinn a' meas iomchaidh airson a bhith beachdachadh air ann an tuilleadh mheasaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach⁹, ach chan eil iad air an cuingealachadh ri:

- comas gun dubhadh an t-seirbheis ùr a-mach craoladairean coimeirsealta FTA (me Buidheann STV);
- comas gun dubhadh an t-seirbheis ùr a-mach luchd-solair naidheachdan Albannach air-loidhne agus pàipearan-naidheachd Albannach;
- a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig cruthachadh 80 dreuchd naidheachdais air cothrom air luchd-naidheachd; agus
- a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig seilbh a' BhBC ann an susbaint a chaidh a thoirt gu buil ann an Alba (deimhinneach agus/no àicheil) air susbaint Albannach, agus air an earrann riochdachaidh ann an Alba san fharsaingeachd.

Tha sinn riaraichte gun robh cothrom aig an luchd-ùidh beachdachadh air PIT a' BhBC, agus gun do coilean am BBC rannsachadh margaidh agus sgrùedadhbh eaonamach càileachdail is uimhireil farsaing gus taic a thoirt don mheasadh aige air a mholaidhean. Ach, tha cuid de raointean den mheasadh a tha sinn dhan bheachd a bu chòir dhan BhBC a bhith air dèligeadh riutha ann am barrachd doimhneachd. Tha iad sin a' gabhail a-steach, ach chan eil iad air an cuingealachadh ri:

- beachdachadh air an luach phoblach a bharrachd a thigeadh an lùib moladh a' BhBC mun luach phoblach san fharsaingeachd a bhiodh an cois a ghnìomhan do luchd-amhairc Albannach (gu sònraichte a' bhuidhean aig an luach phoblach den lùghdachadh a tha air a mholadh air BBC Four air ùrlaran ann an Alba, agus a bhith a' toirt air falbh prògraman Alba-a-mhàin bho BBC Two, cho math ris a' bhuidhean aig BBC Alba);
- cunntas air nàdar seilbheachd a' BhBC ann am prògramadh naidheachdan air an t-seanail ùr BBC Scotland, agus air an tabhartas naidheachdan air-loidhne, a' gabhail a-steach an dreuchd a bhios aig na 80 dreuchdan naidheachdas a-bharrachd a tha am BBC a' stèidheachadh; agus
- buaidhean a' mholaidh air luchd-craolaidh coimeirsealta saor-air-èadhar (gu sònraichte, solaraichean susbaint TBH a tha ag amas air luchd-amhairc Albannach, mar am Buidheann STV), luchd-solair naidheachdan Albannach air-loidhne agus pàipearan-naidheachd Albannach.

Tha sinn dhan bheachd gu bheil na puinean a chaidh a thogail gu h-àrd a' comharrachadh uallaichean agus cùisean a thathar a' meas cudromach gu leòr gus BCA a chumail.

A thuilleadh air a sin, tha sinn am beachd gu bheil na gnìomhan a tha am BBC a' moladh, air an gabhail còmhla, mar mholadh singilte gus Seirbheis Poblach RA ùr a stèidheachadh. Chan eil sinn

⁹ A thuilleadh air a bhith a' beachdachadh air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith air a' mhargaidh, dh'fhaodadh sinn beachdachadh air buaidhean margaidh iomchaidh eile mar phàirt de mheasadh eile a dhèanadh sinn.

dhan bheachd gun urrainn dha na taobhan de mholadh a' BhBC a tha nan uallach dhuinn a bhith air an sgaradh bho mheasadh den tairgse air fad.

Na h-ath cheumannan

Fon Aonta Frèam-obrach, tha sia mìosan aig Ofcom gus BCA a dhèanamh mun mholadh seanail telebhisein BBC Scotland a stèidheachadh. Gabhaidh pròiseas a' BhCA a-steach rannsachadh air a' mhargaidh agus sgrùdadadh eaconamach agus gabhaidh sinn a-steach nam freagairtean bho luchd-ùidh a tha sinn air fhaighinn a-cheana. Nì sinn ar dìcheall an obair a choileanadh cho luath is cho èifeachdach 's a ghabhas. Foillsichidh sinn co-chonaltradh a' cur an cèill ar beachd sealadach agus bidh sinn a' toirt cuireadh do luchd-ùidh beachdan a thoirt air. Foillsichidh sinn ar co-dhùnadadh deireannach mu 11 luchar 2018.

Leis gach deagh dhùrachd

A handwritten signature in black ink, appearing to read "Kevin Bakhurst".

Kevin Bakhurst